



'S cian nan cian bho dh' fhàg mi  
Leòdhas

Sèist

Faili, faili, faili hò ro  
Faili, faili, faili hò ro  
Faili, faili, faili hò ro  
'S cian nan cian  
bho dh' fhàg mi Leòdhas.

Rann 1

Nuair a rinn  
Am bàta gluasad  
Leis na solais  
Ghorm is uaine  
Dh'fhàg sin m'inntinn  
trom fo ghruaimean  
siabann nan tonn  
uain' ag èirigh

Sèist



**Rann 2**

Nuair a chur iad  
suas na siùil rith'  
Dhùin an cadal  
mo shùilean,  
Nuair a rinn mi  
rithist dùsgadh  
B' fhad' mi fhìn  
's mo rùn bho chèile

**Sèist**

**Rann 3**

Càite, càite  
Càit' an tèid mi?  
Nuair a laigheas  
grian mo Chèitein  
Slighe cuain eadar  
mi is m'eudail  
'S iargaineach  
Mo laighe is èirigh

**Sèist**